




Bingo

agus an cnàimh



Dee Reid • Kim Blundell



Seo Bingo.

'S e cuilean beag dubh agus geal a th' ann.

'S e cuilean beag tapaidh a th' ann.

Tha earball goirid geal agus cluasan
mòra, dubha air.

Aon là bha Bingo agus Mamaidh anns
a' ghàrradh. Bha Mamaidh a' cladhach.



“Am faod mise cuideachadh?”
thuirt Bingo.



“Faodaidh,”
thuirt Mamaidh.



“Tha mise a’ cuideachadh!”
thuirt Bingo.



“Chan eil thu!”
thuirt Mamaidh.



“Ach tha mi
ag iarraidh cuideachadh,”
thuirt Bingo.



“Trohad, ma-thà,”
thuirt Mamaidh.



“Ith an cnàimh!”

